

Co-chomunn na Pàirc

Thig gu Coimhearsnachd Ghàidhlig gus do chomas còmhraidh a thoirt air adhart

Disathairne 31 an Dàmhair — Disathairne 7 an t-Samhain 2009

Disathairne 6 am Màrt — Disathairne 13 am Màrt 2010

Tha na cùrsaichean ùr, iomraideach seo a' gabhail a-steach:

- 15 uair a thìde teagaisg a' cleachdadh an t-siostam ùir, ULPAN
- Cuideam ga chur air fileantachd a thoirt air adhart
- Turais airson blas a thoirt air beatha ann an coimhearsnachd Ghàidhlig
- Ionnsachadh mu chultar agus eachdraidh na sgìre



Tha am pròiseact seo a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus air a ruith còmhla ri Colaiste a' Chaisteil, Steòrnabhagh.



Lews Castle College



Ionad Rubha an Fhithich agus Loch Èireasort

Co-chomunn na Pàirc

Rubha an Fhithich
Cearsiadar
Na Lochan
Eilean Leòdhais
HS2 9QA

Fòn: 01851-880236

Post-dealain: info@ravenspoint.net

Cunntas air na Cùrsaichean

Tha Co-Chomunn na Pàirc, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Colaiste a' Chaisteil, air dà chùrsa, fad-seachdain, a chur air dòigh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig diofar ìrean. Tha na cùrsaichean a' ruith bho Disathairne 31 an Dàmhair —Disathairne 7 an t-Samhain 2009 agus bho Disathairne 6 am Màrt — Disathairne 13 am Màrt 2010. Bidh iad a' gabhail àite aig Ionad Rubha an Fhithich, Cearsiadar, Na Lochan, Eilean Leòdhais – far am faighear àite-fuirich ann an òstail math bunaiteach. Thèid 15 uair-a-thìde teagaisg a thoirt air gach cùrsa a' cleachdadh an dòigh ùr togarrach Ulpan, agus gheibh na h-oileanaich turais dhan choimhearsnachd a bheir dhaibh cothrom gun samhail air cultar Gàidhlig an àite a bhlasadh. Gheibh iad cothrom air cuideachadh ann am bùth, frithealadh air seirbhis eaglaise Ghàidhlig, tadhal air aonad Gàidhlig san sgoil ionadail, bruidhinn ri muinntir an àite nan dachaigh, dol gu Tasglann Aonghais MhicLeòid, agus cèilidh. Fhad 's a thathar ag ionnsachadh mu chultar agus eachdraidh na sgìre, thathas a' cur cuideam air fileantachd a thoirt air adhart.

Pris

A chionns gun d' fhuairas taic bho Bhòrd na Gàidhlig, tha e comasach na cùrsaichean a thatharn aig £250 an duine. Tha seo a' toirt a-steach nan leasain, leabaidh agus braicist ann an òstail math bunaiteach airson 7 oidhcheannan, lòn, turais dhan choimhearsnachd agus cèilidh. Tha pris £175 ann airson oileanaich nach eil airson fuireach a-staigh agus tha seo a' gabhail a-steach leasain, turais agus lòn. Mur a bheil oileanaich clàraichte mar-thà, tha cosgais de £50 airson clàrachadh le Ulpan.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, agus foirm iarrtais, cur fios gu Mairead NicIllinnein aig 01851 880236 no info@ravenspoint.net

Ulpan

Chaidh an dòigh-teagaisg seo a dhealbh an toiseach ann an Israel ann an 1948 airson Eabhraidheach a theagasg don t-sluagh mhòr a bha a' tighinn dhan dùthaich às gach tìr. 'S e facal Eabhraidheach a tha ann an Ulpan, a' ciallachadh rannsachadh no stiùideo. Chaidh a shealltainn gur e dòigh mhath teagaisg a bha ann air sgàth nam modhan dinimig a chleachdar airson cànan a theagasg thar ùine ghoirid. Bhon àm sin, tha iomadach mion-chànan air feadh an t-saoghail air an dòigh seo a leasachadh. Tha na Cuimrich air a bhith ga cleachdadh gu soirbheachail bho na 1960an agus tha i air a cleachdadh ann an Èirinn, Catalonia agus leis na Maorian ann an Sealan Nuadh. Chan eil cho fada bhon a thòisichear air a cleachdadh airson Gàidhlig.

Tha inbhich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig an-còmhnaidh a' faighinn leughadh agus sgrìobhadh nas fhasa na bruidhinn. Le Ulpan, tha sgilean còmhraidh a' tighinn an toiseach agus leughadh agus sgrìobhadh beagan na dhèidh sin. Tha oileanaich ag ionnsachadh le bhith ag ath-aithris prìomh structaran agus tro eacarsaich cànan, agus tha cuideam air cleachdadh na cànan seach sgilean acadaimigeach mar gràmar.

Ceann-a-deas nan Loch

'S e sgìre àlainn, dhùthchail a tha ann an Ceann-a-deas nan Loch anns a bheil sluagh mu 400 a' còmhnaidh. Aig àm a' chunntais-shluaigh mu dheireadh, bha 61% dhiubh sin a' bruidhinn Gàidhlig.

Ged a tha rudan ag atharrachadh mar a tha anns gach àite, tha Gàidhlig fhathast air a bruidhinn gu làitheil ann an Ceann-a-deas nan Loch. Tha na cùrsaichean a' toirt blas air beatha ann an teas-mheadhan coimhearsnachd Gàidhlig, rud nach fhaighear ro thrì an-diugh.



Is ann leis a' choimhearsnachd, tro Cho-Chomunn na Pàirc, a tha Ionad Rubha an Fhithich. 'S ann an sin a tha an aon bhùth san sgìre, cfaidh, òstail agus Tasglann Aonghais MhicLeòid. 'S e goireas iongantach a tha san Tasglan de stuthan eachdraidheil, tòrr dheth ann an Gàidhlig, a chaidh a chruin-neachadh le Aonghas 'Ease' MacLeòid, nach maireann, à Calbost. Tha fiosrachadh an seo air croit-earachd, iasgach, Na Fuadaichean agus Strì an Fhearainn, sinnsireachd, ainmean-àite, taigheadas agus dòigh-beatha ann an Ceann-a-deas nan Loch.

Gheibhear cothrom air na cùrsaichean a bhith a' bruidhinn ri muinntir na sgìre agus ionnsachadh mu eachdraidh an àite. Bithear a' dol gu cuid de na h-àiteachan a dh'fhuiling fuadach agus eilthireachd.

Lìonaibh a-steach am foirm gu h-ìosal, le bhur toil, agus curaibh e gu Mairead NicIllinnein aig Rubha Creag an Fhithich, Cearsiadar, Na Lochan, Eilean Leòdhais, HS2 9QA no air post-dealain gu info@ravenspoint.net. Chan eil mòran àiteannan ann agus thèid àite a thoirt don chiad fheadhainn a chuireas a-steach iarrtas.

FOIRM FEÒRACHAIDH

Ainm

Seòladh

Fòn

Post-dealain

Dè 'n ìre aig a bheil sibh ann an Gàidhlig?

Fìor neach –ionnsachaidh Meadhanach Adhartach

Dè a' bhuidheann de leasain Ulpan (eg 21-30) a bu mhath leibh frithealadh?

.....

Dè a' bhuidheann de leasain Ulpan (eg 21-30) a bhiodh sibh deònach frithealadh?

.....

.....

Dè 'n ceann-latha a b' fheàrr leibh?

Disathairne 31 an Dàmhair —
Disathairne 7 an t-Samhain 2009

Disathairne 6 am Màrt —
Disathairne 13 am Màrt 2010

A bheil iarrtasan sònraichte agaibh a thaobh biadh no dad sam bith eile?

.....

.....

Ainm sgrìobhte..... Ceann-latha.....

Tillibh am foirm cho luath 's a ghabhas gu Mairead NicIllinnein, Rubha an Fhithich, Cearsiadar, Eilean Leòdhais, HS2 9QA, no air post-dealain gu info@ravenspoint.net